



Dè a' bhuaidh a bh' aig leasachadh, air neo atharrachadh, ann an àiteachais air na h-Albannaich?

Dè tha sinn a' rannsachadh? Aig deireadh an leasain seo, faodaidh tu:

measadh a dhèanamh air na
rudan a bha ag atharrachadh
ann an àiteachais, tro na
linntean, ann an Alba

a dhol an sàs, ann an
deasbad, air a' bhuaidh a bh'
aca air leasachadh na h-Alba
mar a tha i an-diugh





Ciamar a bha tuathanaich san Roinn Eòrpa ag àiteachadh an cuid fearainn suas gun ochdamh linn deug?

Airson ceudan de bhliadhnaichean bha daoine ag àiteachadh an cuid fearainn san aon dòigh. Sa chumantas, bha teaghlaichean a' fàs biadh dhaibh fèin, air pìosan beaga fearainn ann an achaidhean mòra (is ann le uachdaran beairteach a bha iad).

Ann an Alba, is e siostam runrig ris an canar pìosan beaga talmhainn mar seo (gu tric bha iad fada agus caol), le dig agus druim mu seach. Cha robh innealan mòra, no beairtean-àitich ann an uair sin, dìreach innealan-làimhe a bha simplidh.

Ach aig toiseach an ochdamh linn deug (1700), bha dòighean-àiteachaidh ùra agus innealan mòra ùra a' tighinn a-steach gu tuathan air feadh na rioghachd. Cha b' fhada gus an do sgap na h-iomairtean ùra seo air feadh na Roinn Eòrpa cuideachd, agus rinn iad àiteachais na b' èifeachdaiche. Chanadh iad 'an tionnsgal-àiteachais' ris na h-iomairtean ùra.






Dè an t-atharrachadh a rinn 'An Tionnsgal Aiteachais' ann an Alba?

Chuala na h-uachdarain beartach (lairds) mu na h-iomairtean ùra, 's chunnaic iad gun dèanadh iad barrachd airgid nan gabhadh iad riutha.

Bha barrachd iarratas ann airson biadh a-nis oir bha an aireamh-sluaigh sna bailtean ag

aireamh-sluaigh sna bailtean ag èirigh, 's bha na bailtean fhèin a' fàs cuideachd. Mar eisimpleir, is e na tuathan/am fearann ann an Lodainn an Ear a bha a' cumail biadh ri sluagh Dhùn Èidinn - aireamh-sluaigh a bha ag èirigh gu math luath.





“

Ann an Lodainn an Ear, chunnaic mi achaidhean arbhair a bha cho mòr; achaidhean mòra eile le snèapan agus gocan-feòir a bha cho mòr ‘s nach fhacas an leithid a-riamh roimhe san t-saoghal air fad!

“

**Chaidh sgrìobhaiche à Sasainn, Uilleam Cobbett,
air cuairt timcheall Alba ann an 1833**

Fios A


Runrigs



Fios B

**A' buain an
fheòir ann
an 1840**




Chuir na h-uachdaran airgead a-steach gu iomairtean ùra airson nan oighreachdan aca a leasachadh. Bha innealan mòra/beairtean ùra a' nochdadadh aig an àm seo (m.e. an t-inneal-buana McCormick) agus bha e fada na bu luaithe fearann obrachadh agus airgead fhaighinn air na rudan a bha e ri fàs. Chuir iad aol air an talamh gus am biodh an ùir na b' fheàrr. Chaidh dìgean/drèinichean an cladhadh gus nach biodh na h-achaidhean ro fliuch.


Fios C

**A' buain an
fheòir
le inneal-
buana
McCormick
ann an 1860**



Chum na tuathanaich-sprèidh na beathaichean a b' fheàrr a bh' aca (an fheadhainn a bha mòr agus fallain) airson am briodachadh. An ceann ùine, dh'fhàs an stoc na bu mhotha agus gheibheadh na beathaichean prìsean na b' fheàrr aig margaid. Bha dealbhan aig tuathanaich beartach a' sealltainn nam beathaichean a b' fheàrr a bh' aca (bha na beathaichean a' coimhead eadhan na bu mhotha sna dealbhan, ge ta!)





Is e an inneal-chuir ùr aig Jethro Tull, an driola-sìol, a' phriomh adhbhar gu bheil an teaghlaich agam a' tighinn beò sna làithean tha seo an-diugh. B' àbhaist dhomh an sìol a sgaoileadh air na h-achaidhean agam lem làimh; bhithinns dòchasach gum fuireadh an sìol san talamh 's gum fàsadh e. Ach bhiodh an cuid bu mhotha dheth a' falbh leis a' ghaoith, no dh'itheadh na h-eòin e.

Ach a-nis, bidh an t-each agam a' slaodadh an driola-sìol ùr, tarsainn an fhearrann agus thèid an sìol sìos dìreach dhan ùir. Ged a tha e daor a cheannach, tha na h-achaidhean agam a' toirt seachad dhà uimhir de bhidhe a-nis an coimeas ris a' bhuain a bh' againn ceithir bliadhna air ais!



Fios D

Thuirt tuathanach ann an Linton
an Ear sa bhliadhna 1789

B' àbhaist dhuinn an aon rud a chuir ann an achadh, bliadhna an dèidh bliadhna. Bhiodh sinn daonna a' smaoineachadh, carson a bha an talamh cho truagh a' coimhead, an dèidh dhà no trì bhliadhnaichean de bhuain. Mar sin, dh'fhàgadh sinn an t-achadh bàn son bliadhna, 's gum fàsadh an ùir na b' fheàrr a-rithist rè ùine. Ach dh'innis caraid dhomh ann am Peart gun robh e air rudeigin ùr a chluinntinn.



Ma chuireas sinn rud diofraichte anns gach achadh, gach bliadhna, chan fhàs an talamh bochd mar a b' àbhaist. Tha buntàta trom air an talamh ach tha uinnean math dha. Ma leanas sinn air adhart mar seo (a' cuir rudan diofraichte anns gach achadh gach bliadhna), faodaidh sinn gach achadh a chleachdadh fad an t-siubhal agus bheiridh iad seachad barrachd bidhe cuideachd!

Tha tuathanach ann am Fiobha,
ann an 1813 ag innse dhuinn

Fios E



4



Tha an t-uachdaran air na piosan beaga talmhainn, runrig, an toirt bhuainne. Chuir e ri chèile iad, son achaidhean na bu mhotha a dhèanamh – mar seo gheibh e air tuilleadh a chuir annta. Tha e air feansaichean a thogail agus callaidean a chuir airson crìochan gach achadh a dhearbhadh.

Is e cuartachadh/a' cumail a-staigh a chanas e ris an seo. Cuideachd, tha e ag ràdh, ma dh'fhuiricheas sinn air an fhearann, feumaidh sinn barrachd a phàigheadh ann am màl a-nis. Mur as urrainn dhuinn sin a dhèanamh, feumaidh sinn am fearann fhàgail; càit an tèid mi le mo theaghach?



Fios F

Tha croitear à Dùthaich 'Ic Aoidh, a' gearin

Fuadach nan Gàidheal – Dè bh' ann?



Tha mòran dheasbad agus còmhstri fhathast ann an eachdraidh na h-Alba air sgàth Fuadach nan Gàidheal.

Fhuair uachdarain air a' Ghàidhealtachd a-mach gum biodh barrachd phrothaid ann dhaibh nan cumadh iad na caoraich mhòra – seach crodh a chumail agus màl a thogail bho dhaoine air an fhearann, mar a b' àbhaist dhaibh.





Mur a gabhadh na daoine ris na h-iomairtean ùra, air neo cha bhiodh airgead gu leòr aca airson màl na b' àirde a phàigheadh, bha cunnart ann gun chuireadh an t-uachdaran às an fhearrann iad.

Bhiodh fòirneart ann uaireannan nuair a thug cuid de na h-uachdarain air na daoine am fearann fhàgail.

Bha teaghlaichean air an sgiùrsadh a-mach à dachaighean far an robh an cuid sinnsirean air a bhith fuireach fad linntean. Chaidh an cuir gu croitean beaga le talamh truagh, air neo dh'fhàgadh iad a' Ghàidhealtachd 's fiù 's an dùthaich fhèin, son an uair mu dheireadh.

Bha beatha cruaidh aig na croitearan air na croitean beaga, nach robh buileach mòr gu leòr son an cuid teaghlaichean a chumail. Fhuair feedhainn air a' chost beòshlaint à obair an fheamainn (kelp) son greis. Losgadh iad am feamainn son ola a dhèanamh.



Fios G

“ Ro thric tha a' Ghàidhealtachd air a bhith air a traoghadh ... an luchd-àiteachaidh gu h-iomlan air am fògradh le sannt agus, chithear sna làithean ri teachd, gun robh seo cheart cho gear-sheallach 's a bha e mi-cheart agus fèin-chùiseach.” ”

Sir Walter Scott

'O a Ghaidhealtachd Till'
Carstiona Anna Stiùbhart

Aim bi daoine a-chaoiadh 'na do ghlinn,
Ain gàire luath fo do speur,
Blàr-mònadh ait air an t-sliabh,
Cur agus buain agus snìomh?



Eilthireachd

FIRST SCOTTISH COLONY for New Zealand



BENGAL MERCHANT,
501 Tons Register....JOHN HEMERY, Commander.
 WILL POSITIVELY
SAIL FROM PORT-GLASGOW
 For NEW ZEALAND,
With the first Body of Settlers
 FROM SCOTL. I.Y.D.

On FRIDAY, Oct. 25.

SINGLE WOMEN, going out as Servants to Cabin Passengers, or in charge of Married Emigrants, will receive a *Free Passage* on board of this Ship.

All Goods and Luggage must be forwarded by the 20th instant at latest, on which day the Ship will clear out.

For *Freight* (having room for dead Weight and Measurement Goods) and *Passage*, apply to

JOHN CRAWFORD,
 24, QUEEN STREET.

NEW ZEALAND LAND CO.'S OFFICE


GLASGOW, 25 Oct. 1855.

J. Clark, Printer, Argyle Street.

Mur a gabhadh na daoine ris na h-iomairtean ùra, air neo cha bhiodh airgead gu leòr aca airson màl na b' àirde a phàigheadh, bha cunnart ann gun chuireadh an t-uachdaran às an fhearrann iad. Bhiodh fòirneart ann uaireannan nuair a thug cuid de na h-uachdarain air na daoine am fearann fhàgail.

Bha teaghlaichean air an sgiùrsadh a-mach à dachaighean far an robh an cuid sinnsirean air a bhith fuireach fad linntean. Chaidh an cuir gu croitean beaga le talamh truagh, air neo dh'fhàgadh iad a' Ghàidhealtachd 's fiù 's an dùthaich fhèin, son an uair mu dheireadh.

Bha beatha cruaidh aig na croitearan air na croitean beaga, nach robh buileach mòr gu leòr son an cuid teaghlaichean a chumail. Fhuair feedhainn air a' chost beòshlaint à obair an feamainn (kelp) son greis. Losgadh iad am feamainn son ola a dhèanamh.





A' dearbhadh do thuigsinn:

1



Sgriobh aon seantans a' mìneachadh dè bh' anns an Tionnsgal-àiteachais:

3



Dèan coimeas air **Fios B** agus **Fios C**. Dè am buannachd a bh' aig na h-innealan no beairtean ùra dha na tuathanaich?

5



"Bha na h-uachdaran Albannach ceart ann a bhith a' sgiùrsadh nan daoine/croitearan às an fhearrann."

Dèan deasbad air an seo, ann am buidheannan.

7



Fios G – Cuir seo sa Ghàidhlig, gu simplidh, nad leabhar-sgrìobaidh

2

Cuir crìoch air a' chlàr a leanas:

Dòigh àiteachais	Am buannachd ri fhaighinn às

4

Leugh **Fios G**. Dè tha Bhaltair Scott a'smaoineachadh mu dheidhinn nam fuadaichean? Am b' urrainn dhut na seantansan a sgriobh e a chuir nad bhriathran fhèin? Faodaidh tu faclair a chleachdadh.

6



Dèan mas-fhìor, gur e thusa an croitear a' bruidhinn ann am **Fios F**. Sgriobh aithris san leabhar-latha agad mu na faireachdainnean 's na smuaintean a th' agad timcheall na cùise tha seo.

8